

## Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann – Pròiseactan

[Lethbhreac Gàidhlig]

### 1. Mineachadh

Tha ciall aig na briathran a leanas mar a th' air a mhineachadh an dèidh sin anns an Litir-tairgse, Clàr Pròiseict agus na Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann seo:

- 1.1. Tha **“Bòrd na Gàidhlig”**, **“am Bòrd”**, **“BnG”**, **“sinn”** no **“sinne”** a-mach air Bòrd na Gàidhlig, buidheann a chaidh stèidheachadh a rèir bhriathran agus e a' gnìomhachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le prìomh-oifis aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis, IV3 8NW.
- 1.2. Is e **“am Buidheann-fhaotainn”** no **“an Neach-fhaotainn”** no **“sibh”** an nì no duine a fhuair Tabhartas, air a bheil **“am Buidheann-fhaotainn”** no **“an Neach-fhaotainn”** san Litir-tairgse. Far a bheil còrr is aon nì ga mhineachadh san Aonta, tha **“sibh”** a' gabhail a-steach nan nithean sin uile. Bidh gach fear de na nithean seo buailteach air stèidh co-cheangailte agus fa leth a thaobh nan gnòthaichean air an cur an cèill anns an Aonta. Tha **“sibh”** a' gabhail a-steach a' chompanaidh phàrantach no an t-institiud pàrantach agaibh far a bheil seo iomchaidh. Far a bheil an nì na bhuidheann neo-chorpaichte, tha **“sibh”** a' gabhail a-steach gach ball de chomataidh a' bhuidheann a bhios gu pearsanta buailteach air stèidh co-cheangailte agus fa leth a thaobh nan gnòthaichean a chuirear an cèill anns an Aonta. Bu chòir **“agaibh”** a bhith air a thuigsinn dha rèir.
- 1.3. Is e **“Stiùireadh Aithneachaidh”** stiùireadh a th' air fhoillseachadh leinne agus air ùrachadh bho àm gu àm ann an co-cheangal ri riathanasan agus deagh-chleachdadh a thaobh a bhith gar comharrachadh mar bhuidheann-maoineachaidh a' Phròiseict is ri fhaighinn aig <https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/goireasan/>
- 1.4. Is e **“Aonta”** an Litir-tairgse, Clàr Pròiseict, na Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann seo agus am Buidheann-fhaotainn no Neach-fhaotainn a' gabhail ris an Litir-tairgse.
- 1.5. Is e **“Iarrtas”** an t-iarrtas maoineachaidh a chuir sibh thugainn airson a' Phròiseict, agus tha seo a' gabhail a-steach am foirm-iarrtais agus sgrìobhainnean-taice sam bith eile a chaidh a chur a-null na chois.
- 1.6. Is e **“So-mhaoinean”** so-mhaoinean sam bith leithid thogalaichean, fearann, uidheam, carbadan, sgrìobhainnean no so-mhaoinean eile leithid IPR a cheannaicheas, chruthaicheas, ath-aisgeas, ghlèidheas air no mhaoinicheas sibh leis an Tabhartas agus bu chòir **“so-mhaoinean”** a bhith air a thuigsinn dha rèir.
- 1.7. Is e **“Litir-tairgse”** an litir bhuainne a tha a' tairginn an Tabhartas a phàigheadh dhuibh.
- 1.8. Is e **“Saor-làithean banca”** saor-làithean banca ann an Alba mar a th' air a chur an cèill ann an Clàr 1, Earrainn 2 de dh'Achd Bancaidh agus Dèiligean Ionmhasail 1971 no mar a th' air ainmeachadh le reachdas buntainneach sam bith eile.
- 1.9. Is e **“Achd na Brìbearachd”** Achd na Brìbearachd 2010 agus fo-reachdas sam bith eile a nithear fon Achd sin bho àm gu àm agus stiùireadh no còd-cleachdaidh sam bith air a liubhairt leis an roinn riaghaltais bhuntainneach a thaobh an reachdais.
- 1.10. Is e **“Là Tòiseachaidh”** an ceann-là a chaidh gabhail ris an Litir-tairgse.
- 1.11. Is e **“Fiosrachadh Diomhair”** fiosrachadh sam bith a th' air fhoillseachadh le phàrtaidh don phàrtaidh eile fo no a rèir an Aonta ge be le facal beòil no le sgrìobhadh (na lùib seo cruth dealain) a th' air ainmeachadh diomhair, no a bu chòir, le gliocas reusanta, a mheasadh diomhair.
- 1.12. Is e **“Lagh Dìon Dàta”** lagh, reachd, riaghailt fo-reachdail, òrdugh, stiùireadh aithnteil no còd cleachdaidh, breith le cùirt-lagha bhuntainneach, no stiùiridhean no riathanasan aig buidheann riaghlaidh sam bith a tha suathalach ri dìon dhaoine a thaobh dèiligeadh ri dàta pearsanta do bheil pàrtaidh umhail, na lùib seo, UK GDPR agus Achd Dìon Dàta 2018, no ath-dheasachadh no ath-achdachadh reachdail sam bith dheth sin.

- 1.13. Is e **“FOISA”** Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus/no Riaghailtean Fiosrachaidh Àrainneachdail (Alba) 2004 agus ath-dheasachadh, ùrachadh no cur-an-àite sam bith riutha agus stiùireadh sam bith air a liubhairt le Ministearan na h-Alba no Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba a thaobh FOISA.
- 1.14. Is e **“Tabhartas”** an t-sùim airgid a thathar ag innse san Litir-tairgse a tha ri phàigheadh dhuibh ann an co-chòrdadh ris an Aonta.
- 1.15. Is e **“Là Crìochnachaidh an Tabhartais”** am fear as anmoiche eadar:
  - 1.15.1. ceann-là a’ phàighidh taic-airgid mu dheireadh;
  - 1.15.2. ceann-là a thèid an aithisg dheireannach sa Chlàr-ama Aithrisidh (air no a chaidh iarraidh fo stèidh eile) aontachadh leinne; no
  - 1.15.3. nuair a thèid an cuibhreann deireannach dhen Tabhartas a chaidh a phàigheadh thugaibh air a chosg leibhse.
- 1.16. Is e **“Àm an Tabhartais”** an t-àm a tha a’ tòiseachadh air an Là Tòiseachaidh agus a’ crìochnachadh air Là Crìochnachaidh an Tabhartais.
- 1.17. Is e **“Cosgaisean neo-ionmhasail”** cuideachadh neo-ionmhasail air an toirt do phròiseact a tha sibh ag ràdh gu bheil luach ionmhasail aca, agus sinn a’ gabhail ris gu bheil luach ionmhasail aca, agus a dh’fhaodar measadh mar an dà chuid teachd a-steach agus caiteachas.
- 1.18. Is e **“IPR”** (“Còraichean Seilbh Innleachdail”) pàtantan, nua-innleachdan, seulan-malairt, seulan seirbheis, suaicheantasan, ainmean malairt, deagh-ghean, ainmean àrainnean-lìn, còraichean dealbhadh, dlighe-sgrìobhadh agus còraichean co-cheangailte (na lùib còraichean bathar-bog coimpiutaireachd), còraichean moralta, còraichean topografachd, còraichean stòran-dàta, còraichean eòlais, rùintean-dìomhair malairt agus còraichean seilbh innleachdail eile, anns gach cùis co-dhiubh tha iad clàraichte no gun chlàradh agus a’ gabhail a-steach ath-nuadhachaidhean, leudachaidhean, iarrtas airson clàradh, còraichean air iarrtas a dhèanamh agus còraichean gnìomha a thaobh na tha roimhe seo, agus na còraichean no dòighean dìona uile aig a bheil èifeachd co-ionann no coltach àite sam bith air an t-saoghal.
- 1.19. Is e **“Ìre Eadar-theachdachaidh as Àirde”** sùim sa cheud a dh’fhaodar sònrachadh anns an Litir-tairgse.
- 1.20. Is e **“mìos”** aon (1) mhìos dhen mhìosachan agus ‘s e **“bliadhna”** aon (1) bhliadhna dhen mhìosachan, ge bith an e ceann-seachdain (Disathairne agus Didòmhnaich) no Saor-làithean banca a bhios ann. Nuair a nithear iomradh air greis de **“làithean”** sa bheil no sam faod gnìomh a bhith ri dhèanamh leibhse no leinne, gabhaidh an t-àm seo a-steach ceann-seachdain (Disathairne agus Didòmhnaich) ach cha ghabhar saor-làithean banca sam bith a-steach.
- 1.21. Is e **“Pàrtaidh”** Bòrd na Gàidhlig no sibhse, is e **“Pàrtaidhean”** Bòrd na Gàidhlig agus sibhse.
- 1.22. Is e **“Clàr pàighidhean”, “Clàr aithrisidh”, “Cumhaichean sònraichte don Phròiseict”** agus **“Mìneachadh air cleachdadh an Tabhartais”** earrainnean Clàr a’ Phròiseict air a bheil na cinn-sgrìobhadh sin.
- 1.23. Is e **“Ro-riatanasan”** cumhaichean air innse sa Chlàr a’ Phròiseict, ann an Clàr pàighidhean air no ann an Cumhaichean sònraichte don Phròiseact, a dh’fheumas coileanadh mus tèid sùim den tabhartas a phàigheadh.
- 1.24. Is e **“Pròiseact”** na gnìomhan a th’ air an sònrachadh san Iarrtas a chuireadh thugainn agus rud sam bith a nì sibhse mar thaic do na gnìomhan seo, no na h-amasan no na Prìomh Chomharran Coileanaidh a th’ air an cur an cèill ann an Clàr a’ Phròiseict.
- 1.25. Is e **“Manaidsear a’ Phròiseict”** an neach air ainmeachadh leis am Buidheann-fhaotainn airson a bhith na prìomh neach-conaltraidh eadar na pàrtaidhean a thaobh am Pròiseact agus an Aonta (faic earrann 6).
- 1.26. Is e **“Clàr a’ Phròiseict”** an Clàr Pròiseict anns an Litir-tairgse mar a tha e a’ buntainn ris an Aonta.
- 1.27. Is e **“Buidheann Riaghlaidh”** riaghaltas nàiseanta no thar-nàiseanta, ùghdarrasan no buidhnean laghail is riaghlaidh comasach sam bith, a’ gabhail a-steach ach chan e seo a-mhàin, Riaghaltas na h-Alba, Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba (no luchd-rannsachaidh no luchd-sgrùdaidh air an cur an dreuchd le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba), Cis is Cusbainn a Mhòrachd agus/no Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte.
- 1.28. Is e **“Daoine buntainneach”** an luchd-cosnaidh agaibh, buill a’ bhuidhinn-riaghlaidh agaibh, daoine a’ gabhail ur n-àite gu saor-thoileach, no duine sam bith eile den a leithid a th’ air a chur an dreuchd no fo chùmnant agaibhse gus gnìomhan a dhèanamh às ur leth rè Àm an Tabhartais.

- 1.29. Is e **“Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba”** an stiùireadh a th’ air a liubhairt le Ministearan na h-Alba a thaobh làimhseachadh is aithriseadh dòigheil airson mhaoinean poblach, mar a tha ga ùrachadh bho àm gu àm agus ri fhaotainn aig <https://www.gov.scot/publications/scottish-public-finance-manual/>
- 1.30. Is e **“Riaghladh Smachd Subsadaidhean”** riaghladh smachd subsadaidhean na Rìoghachd Aonaichte, mar a th’ air a chur an cèill, gun chuibhreachadh, ann an Achd Smachd nan Subsadaidhean 2022 agus lagh, stiùireadh reachdail, còd-cleachdaidh, breith cùirt-lagha agus rùintean eadar-nàiseanta buntainneach sam bith eile mu smachd subsadaidhean a bhuineas do, am measg eile, Ballrachd Buidheann Malairt na Cruinne agus cùmhnantan is aontaidhean eadar-nàiseanta ris an do chuir an Rìoghachd Aonaichte a h-ainm, mar a thathar ga leasachadh no ga atharrachadh bho àm gu àm.
- 1.31. Is e **“Targaidean”** agus/no **“Prìomh chomharran coileanaidh”** (“KPIs” no “PCCan”) nithean air an cur an cèill ann an Clàr a’ Phròiseict fon cheann-sgrìobhadh sin a tha a’ toirt iomradh air na h-amasan a th’ agaibh ri coileanadh tron Phròiseact.
- 1.32. Is e **“Cosgaisean Iomlan a’ Phròiseict”** an t-sùim iomlan de chaiteachas a chaidh a dhèanamh leibhse gu dìreach an co-cheangal ri bhith a’ coileanadh a’ Phròiseict, a’ fàgail às VAT sam bith a dh’fhaodar iarraidh air ais.
- 1.33. Is e **“UK GDPR”** Riaghailt Dìon Dàta Choitcheann, Riaghailt (EU) 2016/679, mar a tha e na pàirt de lagh na dùthcha san Rìoghachd Aonaichte ri linn earrainn 3 de dh’Achd (Tarraing-às) an Aonaidh Eòrpaich 2018 (na lùib seo, an tuilleadh leasachaidh no atharrachaidh a rèir laghan na Rìoghachd Aonaichte no pàirt den Rìoghachd Aonaichte bho àm gu àm).
- 1.34. Is e **“VAT”** a’ Chis Luach-Leasaichte.
- 1.35. Far a bheil iomradh ga dhèanamh air brathan, aontaidhean no conaltraidhean gan dèanamh **“ann an sgrìobhadh”** no **“sgrìobhte”**, tha seo a’ gabhail a-steach conaltraidhean air an dèanamh le post, post-dealain, no meadhanan-dealain eile.

## 2. An t-Aonta

- 2.1. Tha an Aonta air a dhèanamh le Litir-tairgse, Clàr a’ Phròiseict, na Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann seo agus ur gabhail ris an Litir-tairgse. Tha lethbhreacan den a h-uile sgrìobhainn air an cur nur tairgse gu dà-chànanach ann an Gàidhlig agus Beurla, no air leth ann an Gàidhlig no Beurla.
- 2.2. Nuair a chuirear ainm rithe agus a thilleas sibh an Litir-tairgse thathar a’ gabhail ris an tairgse Tabhartais agus a’ dol an sàs san Aonta, a tha na chùmhnannt eatorainn, agus tha sibh ag aontachadh bhith air ur cheangail le teirmichean an Aonta rè Àm an Tabhartais no às a dhèidh ma shònraichear.
- 2.3. Mur tèid shònrachadh san Litir-tairgse, bidh tairgse an Tabhartais fosgailte ri gabhail rithe leibhse airson ùine de thrìthead (30) latha bho cheann-là an Litir-tairgse a-mhàin. Mura gabh sibh ris an tairgse taobh a-staigh an ama seo (no àm a shònraichear san Litir-tairgse) teirigidh an tairgse agus cha bhi sinn fo uallach tuilleadh a bhith a’ coileanadh teirmichean an Aonta.
- 2.4. Faodar atharraichean air Clàr a’ Phròiseict a dhèanamh ann an sgrìobhadh eadar na pàrtaidhean.
- 2.5. Chan fhaodar pàirt sam bith den Tabhartas no libhrigeadh an Aonta a ghluasad, iomruineadh, fo-chunnrachadh do bhuidheann no neach sam bith eile mur faighear cead bhuainn ro làimh ann an sgrìobhadh.
- 2.6. Dh’fhaodamaid an t-Aonta a chrìochnachadh agus sgur de na pàighidhean fon Aonta le fios aon (1) mhìos a thoirt dhuibh airson adhbhar sam bith.
- 2.7. Bidh crìochnachadh an Aonta gun dochair a thaobh chòraichean is dleasanasan tàrmaichte sam bith fon Aonta mar aig ceann-là a’ chrìochnachaidh.
- 2.8. Mairidh na teirmichean a leanas aig Cumhaichean Coitcheann an Tabhartais às dèidh crìochnachadh no teirigeadh nan teirmichean is cumhaichean seo: 10 (Aithneachadh agus Follaiseachd), 11 (Dìomhaireachd), 12 (Dìon Dàta, Saorsa Fiosrachaidh agus Prìobhaideachd), 14 (Solarachadh agus So-mhaoinean) agus 15 (Fèicheanasan).
- 2.9. Thathar a’ cleachdadh laghan na h-Alba a thaobh nan teirmichean seo agus ar n-Aonta agus dleasanasan sam bith nach eil fo chùmhnannt a thig asta no ann an co-cheangal riutha. A-rèir cumha 16, ’s ann aig cùirtean na h-Alba a bhios comas laghail àraidh thar eas-aonta sam bith a thig às no an co-cheangal ris an Aonta.
- 2.10. Ma tha no ma dh’fhàsas cumha sam bith den Aonta mì-laghail no mì-dhligheach cha dearg e air laghaileachd no dlighe pàirt sam bith eile den Aonta.

- 2.11. Ma thachras neo-chòrdadh a bhith ann eadar tionndaidhean Gàidhlig is Beurla den Litir-tairgse, Chlàr-ama Pròiseict no Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann, bidh làmh-an-uachdar aig an tionndadh Bheurla.
- 2.12. Ma thachras gu bheil neo-chòrdadh ann eadar an Litir-tairgse no Clàr a' Phròiseict agus na Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann, bidh làmh-an-uachdar aig an Litir-tairgse no Clàr a' Phròiseict air na Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann.
- 2.13. Ged a bhiodh fàillinn, dearmad no dàil againn ann a bhith a' cleachdadh còir no fuasgladh sam bith air a bheil sinn airidh do bhrìgh an Aonta, cha tuigear seo mar gu bheil sinn a' cur gu taobh a' chòir fuasglaidh seo.
- 2.14. Chan eil an t-Aonta a' cruthachadh compàirteachas, gnìomhachas no co-iomairt sam bith eadar na pàrtaidhean.
- 2.15. Chan eil dàimh fastaidh ann idir eadar sinne is neach sam bith air fhastadh leibh le bhith cleachdadh an Tabhartas agus tha sibh a-mhàin buailteach airson uallachaidhean laghail sam bith a tha ag èirigh bho fastadh.
- 2.16. Chan eil an t-Aonta ag innse no a' dearbhadh gun tèid tabhartas sam bith a thoirt seachad san àm ri teachd a thaobh a' Phròiseict no dhuibhse ri linn an Aonta.

### 3. Ur Dearbhaidhean

- 3.1. Le bhith a' gabhail ris an Litir-tairgse agus a' dol an sàs san Aonta seo, tha sibh a' dearbhadh agus a' gabhail os làimh na leanas dhuinn:
  - 3.1.1. Bha am fiosrachadh a chuir sibh thugainn (a' gabhail a-steach fiosrachadh ionmhasail) ann agus mar thaic don Iarrtas agaibh fìor is ceart agus chan eil sibh fo uallach do ghnòthaichean ain-fhèich sam bith no fo chunnart bhith air ur cur ann an ghnòthaichean ain-fhèich;
  - 3.1.2. Tha comas agus ùghdarras aig an neach a chuireas ainm ris an Litir-tairgse às ur leth a bhith a' dol an sàs anns an Aonta;
  - 3.1.3. Gèillidh sibh le agus/no coilean sibh ur dleasan an aghaidh fon Aonta;
  - 3.1.4. Gu bheil sibh a' cumail agus a' gleidheadh a h-uile co-aonta, ceadachas, cead agus/no ùghdarrachadh a dh'fheumar gus am Pròiseact agus ur dleasan an aghaidh fon Aonta a chur an gnìomh;
  - 3.1.5. Tha na goireasan, sgilean, ealantas agus eòlas agaibh gus am Pròiseact a libhrigeadh gu h-iomlan ann an co-rèite ris an Iarrtas agaibh agus cumhaichean an Aonta;
  - 3.1.6. Gu bheil sealbh no còir cleachdaidh agaibh air IPR sam bith a thèid a chruthachadh leibhse no le treas pàrtaidh sam bith (na lùib seo fo-chunntadairean no luchd-comhairle) a th' air am fastadh gus obair air a' Phròiseact agus gabhaidh sibh gach ceum deatamach gus an IPR seo a dhìon;
  - 3.1.7. Tha agus bidh gach So-mhaoin a thèid maoineachadh gu h-iomlan no ann am pàirt leis an Tabhartas saor bho còirean, agairtean, cìsean agus eire de sheòrsa is nàdar sam bith;
  - 3.1.8. Chan eil sibh fo uallach do chuibhreachadh cùmhnantaich no eile a dh'fhaodadh ur bacadh no maill a chur oirbh ur dleasan a choileanadh fon Aonta;
  - 3.1.9. Chan eil eòlas agaibh air dad nur ghnòthaichean agaibh nach deach mìneachadh dhuinn a dh'fhaodadh a bhith na adhbhar reusanta airson ur n-Iarrtas a dhiùltadh;
  - 3.1.10. Cha do chuir is cha chur sibh Iarrtas a-steach dhuinne no tùs sam bith eile airson maoineachadh dùblaichte a thaobh a' Phròiseict;
  - 3.1.11. Ma tha sibh no Daoine buntainneach ag obair ann an 'Ròl Riaghlaichte' rè obair a' Phròiseict a thaobh Achd Dion nam Buidhnean So-leònte (Alba) 2007, gèillidh sibh ris an Achd sin agus atharrachadh, ùrachadh no cur-an-àite sam bith thuige sin;
  - 3.1.12. Ma bhios sibh a' dèiligeadh aig àm obair a' Phròiseict ri inbich no clann so-leònte, bidh poileasaidhean barantachaidh iomchaidh agaibh agus leanaidh sibh iad airson gèilleadh ris an stiùireadh nàiseanta làithreach ann an Alba, na mheasg Stiùireadh Nàiseanta airson Dion Clann na h-Alba mar a tha ga liubhairt le Ministearan na h-Alba agus ga ùrachadh bho àm gu àm; agus
  - 3.1.13. Mas e buidheann a th' annaibh:

- 3.1.13.1. Cha robh atharrachadh cudromach sam bith nur suidheachadh ionmhasail no na tha san amharc agaibh bho cheann-là nan cunntasan mu dheireadh agaibh; agus
- 3.1.13.2. Tha sibh ag obair mar bhuidheann buan-sheasmhach agus chan eil adhbhar creidsinn nach bi comas agaibh leantainn oirbh tuilleadh mar bhuidheann buan-sheasmhach rè Àm an Tabhartais.

#### 4. Tabhartas

- 4.1. Bidh an Tabhartas mar a thathar air a chur san Litir-tairgse.
- 4.2. Faodaidh Clàr a' Phròiseict Ìre Eadar-theachdachaidh as Àirde a shònrachadh, is sa chùis seo bidh an t-sùim iomlan ri phàigheadh bhon Tabhartas an suim as lugha de:
- 4.2.1. an t-sùim a thathar ag innse san Litir-tairgse;
- 4.2.2. na Cosgaisean Iomlan aig a' Phròiseact a' toirt air falbh suim teachd a-steach sam bith a fhuaras bho tùs no tùsan seach bhon Tabhartas; no
- 4.2.3. an t-sùim a tha na Cosgaisean Iomlan aig a' Phròiseact air iomadachadh leis an Ìre Eadar-theachdachaidh as Àirde.
- 4.3. Airson na h-àireamhachaidhean ann an cumha 4.2, thèid dèiligeadh ri Chosgaisean neo-ionmhasail mar phàirt de Chosgaisean Iomlan a' Phròiseict agus mar teachd a-steach a fhuaras bho tùs seach bhon Tabhartas.
- 4.4. Anns gach suidheachadh cha bhi sùim a thèid a phàigheadh bhon Tabhartais nas motha na Chosgaisean Iomlan a' Phròiseict a' toirt air falbh teachd a-steach no maoineachadh sam bith a fhuaras bho tùs no tùsan seach bhon Tabhartas.
- 4.5. Feumar sùim sam bith den Tabhartas a chaidh a phàigheadh dhuibh agus nach deach a chosg ro dheireadh Àm an Tabhartais a thilleadh thugainn gu sgiobalta (faic cumha 9.5) no, ma dhearbhas sinn dhuibh ann an sgriobhadh, faodaidh sibh an t-sùim a chumail airson adhbharan a chuireas sinn an cèill.
- 4.6. Ma gheibh sibh maoineachadh bho iomadach buidheann poblach agus ma tha barras airgid ann aig deireadh a' Phròiseict nach deach a chosg, tha dùil againn gun tillear thugainn co-chuid den airgead nach deach a chosg co-ionann ris an roinn de ar Tabhartas airson maoineachadh iomlan a' Phròiseict. Ma thachras gun cuir buidhnean poblach eile gu taobh an còir air roinn den mhaoinachadh nach deach a chosg, tha sinn a' gleidheadh a' chòir barganachadh leibh airson co-chuid nas motha a thilleadh thugainn.
- 4.7. Feumaidh sibh fios a thoirt dhuinn sa bhad mu dheidhinn tabhartas sam bith a gheibh am Pròiseict bho tùs sam bith nach deach innse san Iarrtas agus sna teirmichean is cumhaichean a thàinig an cois a' mhaoinachaidh seo.

#### 5. Cleachdadh an Tabhartais

- 5.1. Cleachdaidh sibh an Tabhartas a-mhàin airson a' Phròiseict mar a th' air stiùireadh leis an Aonta, air a chur an cèill san Iarrtas, agus le Mineachadh air Cleachdadh an Tabhartais ann an Clàr a' Phròiseict.
- 5.2. Airson carthannasan clàraichte, bu chòir dhuibh an Tabhartas a ghiùlain mar mhaoin cuibhrichte airson adhbharan cunntasachd, ach ma tha an Tabhartas no pàirt den Tabhartas air a shònrachadh airson "Cosgaisean bunaiteachd" sa Gheàrr-chunntais cleachdadh an Tabhartais, is faodar an suim "Cosgaisean bunaiteach" seo a ghiùlain mar mhaoin gun chuibhreachadh.
- 5.3. Chan fhaodar an Tabhartas a chleachdadh gus pàigheadh airson cosgaisean no gealltanasan sam bith taobh a-muigh Àm an Tabhartais no air adhbhar sam bith eile seach airson am Pròiseact a choileanadh.
- 5.4. Chan fhaodar an Tabhartas a chleachdadh airson caiteachais chalpa.
- 5.5. Far a bheil e comasach, feumaidh sibh VAT sam bith air a bheil sibh airidh a thaobh caiteachas air a' Phròiseact iarraidh air ais, agus feumaidh sibh luach VAT sam bith a fhuair sibh air ais a ghabhail a-steach a thaobh a' chaiteachais seo sna h-aithisgean agaibh dhuinne.
- 5.6. Nuair a bhithear a' gabhail a' Phròiseict seo os làimh, tha sibh a' gabhail òs làimh:
- 5.6.1. gun gèill sibh don a h-uile lagh is riaghailt iomchaidh san raon-lagha anns a bheil sibh a' gnìomhachadh;
- 5.6.2. gun gabh sibh am Pròiseact os làimh leis gach sgil agus cùram as urrainnear sùileachadh bhuaibh;

- 5.6.3. gun cùm sibh suas (agus dèan cinnteach gun cùm cùnnradair agus luchd-comhairle a tha sibh fastadh suas) àrachas freagarrach a thaobh a' Phròiseict aig gach àm agus ma dh'fheumas sinne e gun dèanar cinnteach gu bheil ar n-ùidh air a notachadh/cùl-sgrìobhte air a h-uile poileasaidh àrachais a tha buntainneach;
- 5.6.4. gun dèan sibh cinnteach gun tèid luchd-comhairle, agus/no cùnnradair, a th' air am fastadh airson a' Phròiseict, a phàigheadh ann an àm; agus
- 5.6.5. gun cumar So-mhaoinean sam bith ann an deagh chor is càradh agus gun leig sibh leinn an sgrùdadh nuair a bheir sinn ro-fhios reusanta dhuibh.

## 6. Conaltradh

- 6.1. Ma 's e buidheann a th' annaibh, feumaidh sibh neach ainmeachadh mar mhanaidsear a' phròiseict às ur leth airson a bhith na phrìomh neach-conaltraidh leinn a thaobh a' Phròiseict agus an Aonta, agus an ainm, tiotal dreuchd is fiosrachadh conaltraidh leithid seòladh puist-dhealain agus àireamh fòn dhan neach seo a thoirt dhuinn.
- 6.2. Thèid brathan air an cur leinne a thaobh a' Phròiseict no an Aonta a dhèanamh ann an sgrìobhadh, a' mhòr-chuid le post-dealain, agus air a chur dha mhanaidsear a' phròiseict.
- 6.3. Ma thachras nach eil manaidsear a' phròiseict ceangailte tuilleadh ribh, feumaidh sibh manaidsear pròiseact ùr ainmeachadh agus ainm, tiotal dreuchd is fiosrachadh conaltraidh an neach a chur thugainn gu sgiobalta.
- 6.4. Feumaidh sibh innse dhuinn sa bhad ma tha sibh uair sam bith rè Àm an Tabhartais:
  - 6.4.1. ag iarraidh atharrachadh a dhèanamh air a' Phròiseact, a' gabhail a-steach ach chan ann a-mhàin ri linn clàr-ama no buidseat a' phròiseict (faic cumha 5);
  - 6.4.2. am beachd gun do thachair no gu bheil gin de na tachartasan san liosta fo chumha 9.1 buailteach tachairt;
  - 6.4.3. air atharraichean sam bith a dhèanamh air fiosrachadh banca a thugadh dhuinn airson an Tabhartas a phàigheadh dhuibh;
  - 6.4.4. ma tha an Tabhartas airson dreuchd cosnadh:
    - 6.4.4.1. ma tha neach air a chur san dreuchd;
    - 6.4.4.2. ma leigeas neach dheth dhreuchd no ma thèid a chur às a dhreuchd; no
    - 6.4.4.3. ma tha atharrachadh ann an uairean obrach an neach san dreuchd, a' gabhail a-steach ma tha an neach air a chur air fhòrladh air choireigin.
  - 6.4.5. mas e buidheann a th' annaibh:
    - 6.4.5.1. tha atharrachadh nur structar corporra, no nur sealbh tàbhachdach deireannach, agus/no co-dhiù a tha am buidheann agaibh a' clàradh, no a' dì-chlàradh, mar chompanaidh no carthannas;
    - 6.4.5.2. tha ur prìomh oifis no àite gnothachais ag atharrachadh;
    - 6.4.5.3. mas e carthannas clàraichte a th' annaibh, ma dh'innseas sibh do Oifis Riaghlaidhe Charthannasan na h-Alba gu bheil gnìomh far a bheil feum agaibh fios a chur thuca air tachairt no ma dh'innseas sibh do Choimisean nan Carthannasan airson Sasainn 's a' Chuimrigh gu bheil gnìomh cudromach air tachairt; no
    - 6.4.5.4. mas e bhuidheann neo-chorporraichte a th' annaibh, ma chuirear ball ùr an dreuchd na comataidh agaibh no ma leigeas ball dheth dhreuchd no ma bheirear air falbh bhon chomataidh agaibh e.
- 6.5. Tha sibh ag aontachadh gum faod sinn conaltradh a chumail ribh uair sam bith gus beachdachadh air ur n-adhartas leis a' Phròiseact.

## 7. Sgrùdadh agus Aithriseadh

- 7.1. Feumaidh sibh lèibhrigeadh agus soirbheachas a' Phròiseict agaibh a sgrùdadh rè Àm an Tabhartais a thaobh nan cumhaichean, targaidean agus/no prìomh chomharran coileanaidh air am mìneachadh sa Chlàr a' Phròiseict, agus cunntasan is clàran iomchaidh a chumail suas rè a' Phròiseict air fad.
- 7.2. Feumar aithisgean a thoirt dhuinn san cruth a bhios sinn ag iarraidh air no ro na cinn-là a th' air an sònrachadh sa Chlàr Aithrisidh.

- 7.3. Feumaidh gearr-chunntas de gnìomhan a' Phròiseict a chaidh a choileanadh gu ruige sin a bhith anns gach aithisg, aithris air teachd a-steach is caiteachas co-cheangailte ris a' Phròiseact gu ruige sin agus fiosrachadh sam bith eile a thèid iarraidh oirbh, gu h-àraidh a thaobh chumhaichean, targaidean agus/no Prìomh Chomharran Coileanaidh.
- 7.4. Ma tha sinn den bheachd san eil aithisg a thug sibh dhuinn iomchaidh, tha sinn a' glèidheadh còir aithisg air ùrachadh iarraidh agus ceann-là ùr a shuidheachadh airson na h-aithisg seo, nach bi nas tràithe na cheithir latha deug (14) bho cheann-là an iarrtais airson ùrachadh a dhèanamh air an aithisg.
- 7.5. Tha sinn a' glèidheadh a' chòir tuilleadh aithisgean iarraidh a bharrachd air an fheadhainn a th' air an cur an cèill sa Chlàr Aithrisidh ma tha sinn den bheachd gu bheil seo a dhìth. Dh'fhaodamaid iarraidh oirbh aithisgean mar seo a libhrigeadh ro cheann-là nach eil nas luaithe na ceithir latha deug (14) bho cheann-là an iarrtais airson an aithisg ùr.
- 7.6. Ma dh' iarras sinn, bheir sibh dhuinn fiosrachadh, mìneachaidhean no sgrìobhainnean sam bith mar seo a dh'fheumas sinn gus dearbhadh an deach an Tabhartas a chleachdadh gu dòigheil ann an co-chòrdadh ris an Aonta.
- 7.7. Bheir sibh cothrom dhuinn agus dar luchd-sgrùdaidh is riochdairean air ur luchd-cosnaidh, luchd-ionaid, togalach gnothachais, So-mhaoinean agus air gach clàr, aithisg, mion-sgrùdadh is leabhar cunntais a thaobh a' Phròiseict rè uairean obrach àbhaisteach le dà (2) latha de ro-fhios sgrìobhte agus bheir sibh gach cuideachadh reusanta sam bith do neach sam bith a chuireas a' chòir inntrigidh seo gu buil.
- 7.8. Feumaidh sibh a h-uile sgrìobhainn is fiosrachadh ceangailte ris a' Phròiseact a ghlèidheadh agus a chumail suas airson trì (3) bliadhna aig a' char as lugha an dèidh Là Crìochnachaidh an Tabhartais.

## 8. Pàighidhean thugaibh

- 8.1. A-rèir chumha 9 agus ur gèilleadh ris an Aonta, chun na h-ìre 's gu bheil maoin ri fhaighinn aig Bòrd na Gàidhlig agus gun d'fhuair e na dh'fhòghnas de mhaoineachadh fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba no bhuidhnean eile, pàighidh sinn an Tabhartas dhuibh ann an co-chòrdadh ris a' Chlàr Pàighidh a th' air a chur an cèill ann an Clàr a' Phròiseict.
- 8.2. Feumaidh sibh dearbhadh a thoirt dhuinn air cunntas banca stèidhichte san RA dom faodar pàighidhean a dhèanamh cho luath 's a ghabhas an dèidh dhuibh ur gabhail ris an Litir-tairgse a thilleadh thugainn. Feumaidh an cunntas a bhith nur n-ainm fhèin agus chan fhaod e bhith na chunntas pearsanta ma thathar ga chleachdadh às leth buidhinn.
- 8.3. A-rèir chumhaichean 8.1 agus 8.2, nì sinn ar dìcheall pàighidhean a dhèanamh le tàr-aiseag dealanach banca taobh a-staigh fichead 's a h-aon (21) làithean as dèidh dhuibh a bhith airidh air am pàigheadh is sibh air nan riathanasan a' coileanadh mar a tha air a chomharrachadh sa Chlàr Pàighidh.
- 8.4. Dh'fhaodamaid ann an suidheachadh àraid aontachadh ri sùim den Tabhartas a phàigheadh dhuibh air toiseach air coileanadh riathanais airson an leithid de phàigheadh a dhèanamh. Sa chùis seo feumaidh sibh leantainn oirbh a' coileanadh an riathanais a bha a dhìth airson am pàigheadh a dhèanamh a-rèir an Aonta no aonta sam bith as dèidh seo eadar nam pàrtaidhean.
- 8.5. Cha bhi uallach oirnn ur pàigheadh, agus cha bhi tagradh sam bith agaibh oirnn a thaobh sùim sam bith den Tabhartas nach deach iarraidh leibh ann an co-chòrdadh ris na riathanasan ann an clàr pàighidh Clàr a' Phròiseict. Cha bhi uallach oirnn ur pàigheadh, agus cha bhi tagradh sam bith agaibh oirnn a thaobh sùim sam bith den Tabhartas as dèidh Là Dùnaidh an Tabhartais.
- 8.6. Cha tèid sùim an Tabhartais a mheudachadh ri linn tar-chosg agaibh aig àm libhrigeadh a' Phròiseict agus co-dhiù no co-dheth cha bhi i nas motha na an t-sùim a th' air a sònrachadh san Litir-tairgse.
- 8.7. Mus dèanar pàigheadh de chuibhreann dheireannach an Tabhartais, bheir sibh dhuinn fianais air Cosgaisean Iomlan a' Phròiseict ("T") agus teachd a-steach iomlan bho stòran seach an Tabhartas ("O").
- 8.8. Thèid am pàigheadh deireannach obrachadh a-mach, ann an co-chòrdadh ri cumha 4.2, le iomradh air an ìre Eadar-theachdachaidh as Àirde ("M") aig Cosgaisean Iomlan a' Phròiseict agus chuibhreannan an Tabhartais ("I") a chaidh a phàigheadh a-cheana.
- 8.9. Bidh an cothromachadh ("B") mar as lugha dhe thoradh na cunntais a leanas:

8.9.1.  $(T \times M) - I = B$

8.9.2.  $T - I - O = B$

8.10. Thèid an cothromachadh (“B”) a phàigheadh dhuibh mar chuibhreann dheireannach mura sheall a’ chunntais gun tugadh anabarr de phàigheadh dhuibh, ‘s ma thugadh thèid an t-sùim sin a phàigheadh air ais dhuinn gu sgiobalta leibh (faic cumha 9.5)

## 9. A’ cumail no a’ toirt phàighidhean air ais

9.1. Gun dochair a thaobh chòraichean is fuasglaidhean, faodaidh sinn air ar n-àilgheas fhèin cumail no iarraidh oirbh toirt air ais (le riadh na chois) an t-sùim iomlan no pàirt sam bith de, no co-dhùnadh gun tuilleadh phàighidhean de, an Tabhartas:

9.1.1. Ma bhriseas sibh teirm sam bith den Litir-tairgse, Clàr a’ Phròiseict, Cumhaichean Taic-airgid Coitcheann no aonta eile sam bith eatorainn;

9.1.2. Ma chleachdas sibh an Tabhartas airson adhbharan seach an fheadhainn don deach a bhuileachadh oirbh (faic cumha 5);

9.1.3. Mur eil an Tabhartas (no pàirt no cumha sam bith dhen Tabhartas) ann an co-rèite ri riaghailt Smachd nan Subsadaidhean;

9.1.4. Ma nì sibh iarrtas airson no ma gheibh sibh maoineachadh dùblaichte bho threas pàrtaidh no bhuainne airson a’ Phròiseict no cosgaisean rianachd co-cheangailte sam bith;

9.1.5. Ma phàigheas sinn sùim dhuibh mar mearachd;

9.1.6. Ma tha maoineachadh treas-phàrtaidh a’ Phròiseict air a tharraing air ais no ma tha atharraichean sam bith a mheasas sinn stuthail no millteach air ionmhasachadh no goireasachadh a’ Phròiseict;

9.1.7. Ma dh’fhàilnicheas oirbh aithisg a thoirt ron cheann-là riatanach sa Chlàr Aithrisidh (faic cumha 7) no ma a dh’iarrar oirbh le brath (faic cumha 7.4);

9.1.8. Ma dh’fhàilnicheas oirbh tòiseachadh air libhrigeadh a’ phròiseict, no ma dh’fhàilnicheas oirbh coinneachadh ris na riatanasan, ann an àm a mheasas sinn reusanta;

9.1.9. Ma mheasas sinn nach do rinn sibh adhartas riarachail le libhrigeadh a’ Phròiseict, a’ gabhail a-steach ach chan e sin a-mhàin, gun a bhith a’ coinneachadh ris na targaidean no Prìomh Chomharran Coileanaidh;

9.1.10. Ma mheasas sinn nach fheumar an leithid de phàigheadh airson am Pròiseact a choileanadh no ma mheasas sinn nach tèid am pàigheadh a chleachdadh airson caiteachais dhòigheil ann an libhrigeadh a’ Phròiseict;

9.1.11. Ma leigeas sibh fios dhuinn nach eil sibh airson am Pròiseact a chumail a’ dol;

9.1.12. Ma dh’fhàilnicheas oirbh no air Daoine buntainneach sam bith an Tabhartas agaibh aithneachadh gu freagarrach ann an co-chòrdadh leis an Stiùireadh Aithneachaidh againn (faic cumha 10);

9.1.13. Ma bheir sibh dhuinn san Iarrtas, aithriseadh no chonaltradh san fharsaingeachd agaibh fiosrachadh breugach, neo-iomlan, foilleil no meallta; ma nì sibh gnìomh mì-onarach, no ma tha sibh fhèin no neach sam bith a tha an sàs sa Phròiseact no Daoine buntainneach fo rannsachadh leinne, le Buidheann riaghlaidh no leis a’ phoileas;

9.1.14. Ma nì no mur dèan sibh fhèin no Daoine buntainneach rud sam bith a tharraingeas mì-chliù oirnn, no a mheasas sinn airson adhbhar sam bith a tha a’ cur maoin phoblach ann an cunnart, no ma chrìochnaicheas no chuireas sinn an dàrna taobh tabhartas sam bith eile a thug sinn dhuibh;

9.1.15. Ma tha sibh fhèin no Daoine buntainneach fo rannsachadh no fo chasaid gun do rinn sibh eucoir sam bith fo Achd na Bribearachd no ma chaidh ur dìteadh de dh’eucoir sam bith fo Achd na Bribearachd;

9.1.16. Ma thig uallach oirnn a dhèanamh le Buidheann riaghlaidh sam bith, no ma dh’fheumar co-aonta bho Bhuidheann riaghlaidh ceangailte ribh fhèin no a thaobh a’ Phròiseict, ur So-mhaoinean no so-mhaoinean a chaidh a chleachdadh no a tha gus an cleachdadh ann an co-cheangal ris no airson libhrigeadh a’ Phròiseict agus nach d’ fhuair an co-aonta;

- 9.1.17. Ma dh'atharraicheas an luchd-seilbh no smachd no atharrachadh susbainteach sa bhun-reachd agus/no san stiùireadh no ann an nàdar a' ghnòthachais agus/no na gnìomhachdan agaibh, mar a thèid dèanamh aig an Là Tòiseachaidh a mheasas sinn a bheireadh droch bhuaidh air ur comas am Pròiseact a choileanadh;
- 9.1.18. Ma thèid sibh a-steach do, no ma shaoileas sinn gu bheil coltas oirbh a dhol ann an rianachd, leaghadh, cuidhteas, sgaoileadh no, gun tèid oighreachd na buidhne agaibh a chur air leth;
- 9.1.19. Ma sguireas no ma mhaoideas sibh sgur a bhith a' ruith airson adhbhar sam bith no ma ghabhas sibh ri rùn (no ma dh'àithneas cùirt le comas laghail sam bith) gun tèid ur crìochnachadh no ur sgaoileadh (seach airson adhbhar bona fide agus ath-chruthachadh no amaladh neo-bhriste); no
- 9.1.20. Mur fuasgail sibh tachartas taobh a-staigh na h-ùine a thugadh an dèidh dhuibh ro-fhios fhaighinn mun riatanas sin a dhèanamh fo chumha 9.2.2
- 9.2. Ma thig gu ar n-aire gun do thachair aon no barrachd de na nithean san liosta fo chumha 9.1, leis gun do dh'inns sibh dhuinn no dòigh eile, faodaidh sin, le fios a chur thugaibh ro-làimh, uair sam bith:
  - 9.2.1. Atharrachadh a dhèanamh no cumail air ais gin no a h-uile pàigheadh den Tabhartas a bha ri phàigheadh fhathast;
  - 9.2.2. Far an gabh fhuasgladh, iarraidh oirbh an tachartas fhuasgladh taobh a-staigh ge be an ùine a mheasas sinn reusanta;
  - 9.2.3. Cumhaichean reusanta a bharrachd a chur ris an Aonta;
  - 9.2.4. An t-Aonta a chrìochnachadh air ceann-là sam bith a cho-dhùineas sinn;
  - 9.2.5. Innse gu bheil a h-uile suim phàighte roimhe leis an Tabhartas ri ìocadh agus ri am pàigheadh sa bhad dhuinn agus gun obraich an ro-fhios againn mar iarrtas airson a h-uile sùim de a leithid a phàigheadh; agus/no
  - 9.2.6. Gnìomh sam bith a tha nar comas fon lagh agus/no fon lagh chumanta a dhèanamh.
- 9.3. Leanaidh ar còir air na ceumannan cuirte an cèill fo chumhaichean 9.2 a ghabhail airson sia (6) bliadhna bho Cheann-Là Crìochnachaidh an Tabhartais, ged a chaidh an t-Aonta a chrìochnachadh a-cheana.
- 9.4. Far a bheil sùim airgid ri fhaighinn air ais no ri phàigheadh leibhse fon Aonta no fo Aonta sam bith eile, faodaidh sinn an t-sùim sin a thoirt gu h-aon-taobhach bho phàigheadh sam bith fon Aonta no fo Aonta sam bith eile eatorainn.
- 9.5. Ma bheir sinn pàigheadh sam bith air ais ann an co-chòrdadh ri cumha 9.2, no ma tha sùim sam bith den Tabhartas gun a cosg aig deireadh Àm an Tabhartais, pàighidh sibh an t-sùim seo dhuinn an ceann ceithir latha deug (14) bho fhuair sibh iarrtas sgriobhte airson sin a dhèanamh.
- 9.6. Ma thachras nach do phàigh sibh sùim dhuinn a dh'iarr sinn fo chumha 9.5 taobh a-staigh ùine ceithir latha deug (14), bidh làn-chòir againn riadh a chur ris an t-sùim aig ìre dà (2) sa cheud sa bhliadhna os cionn bun-ìre iasadach Banca Shasainn a bha a' toirt buaidh aig àm an iarrtais sgriobhte bho cheann-là an iarrtais sgriobhte gus an tèid an dà chuid an t-sùim agus an riadh a phàigheadh gu h-iomlan.

## 10. Aithneachadh agus Follaiseachd

- 10.1. Feumaidh sibh an Tabhartas agaibh aithneachadh a thaobh a' Phròiseict agus So-mhaoinean sam bith ann an co-chòrdadh ri ar Stiùireadh Aithneachaidh.
- 10.2. Feumaidh sibh dearbhadh gun aithnich Daoine buntainneach sam bith an Tabhartas cuideachd ann an co-chòrdadh ri ar Stiùireadh Aithneachaidh.
- 10.3. Faodaidh sinn fiosrachadh fhoillseachadh mun Phròiseact agaibh bho àm gu àm mar a tha iomchaidh gun fios a thoirt dhuibh no cead iarraidh bhuaibh ro-làimh.
- 10.4. Cuidichidh sibh leinn, no cùnnradairan no luchd-ionaid ag obair às ar leth, cho fad 's as urrainnear gu reusanta le iomairtean margaidheachd no conaltraidh far an co-dhùin sinn gus an Tabhartas a chleachdadh mar phàirt den iomairt.

## 11. Dìomhaireachd

- 11.1. Tha na pàrtaidhean ag aontachadh nach cleachd iad Fiosrachadh Dìomhair airson adhbhar sam bith seach am Pròiseact agus cur-an-gnìomh an Aonta.

11.2. Tha na pàrtaidhean ag aontachadh nach foillsich iad Fiosrachadh Dìomhair do threas pàrtaidh sam bith (chan eil seo a' gabhail a-steach ar luchd-cosnaidh, oifigearan, cùnnraidairean, luchd-ionaid, riochdairean aig compàirtichean poblach) gun ro-aonta sgrìobhte fhaighinn bhon phàrtaidh eile.

11.3. Chan eil cumhaichean 11.1 agus 11.2 a' buntainn –

11.3.1. Chun na h-ìre sa bheil am Fiosrachadh Dìomhair air aithne a' phobaill no air aithne an treas phàrtaidh mar-thà aig àm an fhoillseachaidh, seach le briseadh an Aonta, no far am feumar fhoillseachadh fon lagh no fo riathanas no còd riaghlaidh buntainneach, a' gabhail a-steach FOISA, agus bheir sibh an leithid seo de chuideachadh a dh'fhaodas Bòrd na Gàidhlig iarraidh gu reusanta ann an co-cheangal ri foillseachadh mar seo;

11.3.2. Ri foillseachadh no sgaoileadh gearr-fhiosrachaidh leinne ann an co-cheangal ris an Tabhartas; agus/no

11.3.3. Ri foillseachadh Fiosrachaidh Dìomhair no fiosrachaidh a thaobh an Aonta agus a' Phròiseict do Bhuidheann riaghlaidh.

11.4. Co-obrachaidh agus cuidichidh sibh sinn le bhith a' toirt uiread a dh'fhiosrachadh a dh'fheumas sinne no Buidheann riaghlaidh mar seo. Faodaidh sibh fiosrachadh a chomharrachadh a mheasas sibh dìomhair gu coimearsalta agus mìneachadh a thoirt dhuinn mu carson a tha sibh ga mheas dìomhair gu coimearsalta. Beachdaichidh sinn air ur n-agartas agus obrachaidh an dà Phàrtaidh gu reusanta gu tighinn gu aonta a thaobh dè an ìre sam bu chòir am fiosrachadh sin a bhith air a sgaoileadh.

## 12. Dìon Dàta, Saorsa Fiosrachaidh agus Prìobhaideachd

12.1. Bidh na h-aon chiallan aig na faclan is abairtean mìnichte fo Lagh Dìon Dàta nuair a thèid an cleachdadh sa chumha 12 seo. Tha sibhse agus sinne ag aontachadh gur ann air stèidh riaghladair gu riaghladair a thèid dàta pearsanta sam bith a ghluasad eatorainn. Cumaidh sibhse agus sinne le chèile ri ar dleasan fòn uile Lagh Dìon Dàta agus bheir sinn do chàch a chèile fiosrachadh sam bith a th' air iarraidh gu reusanta agus a tha deatamach airson 's gun tèid aig a' phàrtaidh eile coinneachadh ri riathanasan Lagh Dìon an Dàta.

12.2. Tha sibh ag aithneachadh gu bheil sinn fo uallach do riathanasan FOISA agus gun toir sibh dhuinn a h-uile fiosrachadh agus co-obrachadh a dh'fheumas sinn airson ar riathanasan foillseachadh fiosrachaidh fon FOISA a choileanadh.

## 13. Obair Chothromach

13.1. Feumaidh sibh:

13.1.1. Gabhail ri phoileasaidh Obair Chothromach a-rèir an stiùiridh a chuireas Riaghaltas na h-Alba a-mach bho àm gu àm (ri fhaighinn aig àm sgrìobhaidh aig <https://www.gov.scot/publications/fair-work-first-guidance-3/>)

13.1.2. Aithneachadh gum feum Bòrd na Gàidhlig poileasaidh Obair Chothromach a chur an gnìomh ma nì Riaghaltas na h-Alba atharrachadh air agus gum faodadh sinn iarraidh oirbh leantainn ri riaghailtean no riathanasan ùra sam bith fon phoileasaidh. Bheir sinn ro-fhios sgrìobhte gun a bhith nas fhaide na seasgad (60) latha mus bi atharraichean sam bith air stiùireadh Obair Chothromach an Toiseach èifeachdachd fon Aonta seo.

## 14. Solarachadh agus So-mhaoinean

14.1. Ma tha dùil agaibh rè a' Phròiseict seirbheisean luach còrr is £10,000 le VAT na chois a cheannach 's a phàigheadh leis an Tabhartas, feumaidh cùnnradh sam bith airson nan seirbheisean seo a bhith air a bhuileachadh às dèidh pròiseas farpaiseach fosgailte gus luach an airgid as fheàrr a bharantachadh.

14.2. Ma thèid so-mhaoinean luach còrr is £2,500 le VAT na chois a cheannach, cruthachadh, ath-aiseag no leasachadh leis an Tabhartas –

14.2.1. feumar clàr so-mhaoinean a chumail suas rè Àm an Tabhartais a tha a' liostadh nan so-mhaoinean, agus feumaidh sibh lethbhreac a thoirt dhuinn nuair a dh'iarrar; agus

14.2.2. feumar fios a thoirt dhuinn agus cead ro-làimh a thoirt airson reic, gluasad no cur-às nan so-mhaoinean uair sam bith rè no às dèidh Àm an Tabhartais. Feumar reic sam bith den leithid a dhèanamh ann an dòigh a tha a' barantachadh luach an airgid.

14.3. A-rèir chumha 14.2, gleidhidh sinn a’ chòir tagradh airson co-chuid de na gheibhear bho reic so-mhaoinean a chaidh a cheannach, ath-aiseag no a leasachadh leis an Tabhartas, ann an co-chòrdadh ri Leas-phàipear 1 de Leabhraan Ionmhas Poblach na h-Alba.

14.4. Ma thachras gun cuir sibh feum air obair, seirbheisean, stuthan no IPR bhon Phròiseact, sa bheil sinn a’ tasgadh, airson buannachd coimearsalta, tha sinn a’ gleidheadh a’ chòir barganachadh deagh-rùin a dhèanamh leibh gus beachdachadh air sùim iomchaidh den Tabhartas a phàigheadh air ais dhuinne.

## **15. Fèicheanasan**

15.1. Feumaidh sibhse fèicheanasan sam bith a nochdas aig deireadh a’ Phròiseict a stiùireadh agus a phàigheadh leis na stòrasan agaibh fhèin (seach an Tabhartas).

15.2. Chan eil sinn gabhail ri buailteachd do bhuil sam bith, ge be dìreach no neo-dhìreach, a dh’fhaodadh èirigh ri linn sibh a bhith a’ ruith a’ Phròiseict, cleachdadh an Tabhartais no tarraing air ais den Tabhartas.

15.3. Dionaidh sibh saor agus cumaidh sibh gun dochann Bòrd na Gàidhlig, an luchd-cosnaidh, luchd-ionaid, oifigearan no fo-chùnnradair eile a thaobh gach tagraidh, iarrtais, gnìomh, cosgaisean, caiteachasan, caill, airgead-dhiolaidh is gach fèicheanais eile a dh’èireas às no a th’ air adhbharachadh do bhrìgh nan gnìomhan agus/no dearmadan leibhse ceangailte ris a’ Phròiseact, neo-choileanadh dhleastanasan leibh fon Aonta no ur dleastanasan a thaobh treas pàrtaidhean.

15.4. A-rèir chumha 15.2 agus cumha 15.3, tha ar buailteachd fon Aonta cuingealaichte ri pàigheadh an Tabhartais.

## **16. Fuasgladh Eas-aonta**

16.1. Ma thachras gu bheil gearan no eas-aonta (nach buin don chòir aig Bòrd na Gàidhlig air maoin a chumail air ais no a chrìochnachadh) ann a dh’èireas eadar na pàrtaidhean a thaobh an Aonta, bu chòir a’ chùis a chur an toiseach airson fuasgladh eadar manaidsear a’ phròiseict is neach sam bith a th’ air ainmeachadh le Bòrd na Gàidhlig bho àm gu àm.

16.2. Nam biodh an gearan no eas-aonta fhathast gun fhuasgladh taobh a-staigh ceithir latha deug (14) dhen chùis a chur gu manaidsear a’ phròiseict agus neach ainmichte le Bhòrd na Gàidhlig, mar a dh’fhaodar a’ chùis a bhith, faodaidh gin seach gin de na pàrtaidhean a’ chùis a chur gu Ceannard Bhòrd na Gàidhlig agus Cathraiche (no neach co-ionann) aig am Buidheann-fhaotainn no Neach-fhaodainn le òrdugh oidhirp a dhèanamh gus fhuasgladh a thoir air an eas-aonta le aonta taobh a-staigh 28 latha, no ùine eile de sheòrsa mar a dh’fhaodar co-aontachadh le Bòrd na Gàidhlig agus am Buidheann-fhaotainn no Neach-fhaotainn.

16.3. Mur tig aonta fo chumha 16.2, faodaidh na pàrtaidhean feuchainn ri a’ chùis fhuasgladh le eadar-mheadhanachadh fon Mhodh-obrach Eadar-mheadhanachadh Modail CEDR (no modal eadar-mheadhanachadh eas-aonta iomchaidh eile coltach ris mar a th’ air aontachadh leis an dà phàrtaidh). Mur aontaichear air a chaochladh, giùlainidh na pàrtaidhean cosgaisean is caiteachasan an eadar-mheadhanachadh air stèidh cho-ionann.